

**P L A N A  
C À N A I N  
N À I S E A N T A  
G À I D H L I G**

-----  
**2012 | 2017**  
-----

**FÀS  
&  
FEABHAS**

**BÒRD NA  
GÀIDHLIG**





**P L A N A  
C À N A I N  
N À I S E A N T A  
G À I D H L I G**

-----  
**2012 | 2017**  
-----

FÀS  
AGUS  
FEABHAS


BÒRD NA  
GÀIDHLIG





## Clàr-innse

<b>1</b>	Facail-toisich	
	Am Ministear airson Foghlaim, Saidheans agus Cànan na h-Alba	4
	Cathraiche Bòrd na Gàidhlig	6
<b>2</b>	Builean: Geàrr-chunntas	8
<b>3</b>	Ro-ràdh	10
	Dè tha anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?	11
	Carson a tha feum air Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?	12
	Carson a bu chòir brosnachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig?	13
<b>4</b>	Raointean Leasachaidh	14
	Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean	16
	Foghlam: Sgoiltean agus Tìdsearan	20
	Foghlam: Foghlam Seach-sgoile	24
	Coimhearsnachdan	28
	Àite-obrach	32
	Ealain agus Meadhanan	36
	Dualchas agus Turasachd	40
	Corpas	44
<b>5</b>	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	
	Dleastanas Bòrd na Gàidhlig	48
	Dleastanas luchd-labhairt na Gàidhlig	48
	Dleastanas bhuidhnean eile	48
	Planaichean Cànan Gàidhlig	49
	Cumail sùil air agus measadh buileachadh a' Phlana	50



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	Raoinean Leasachaidh	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

# 1

## Facail-toisich

### Am Ministear airson Foghlaim, Saidheans agus Cànan na h-Alba




An Dtr. Alasdair Allan

Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh taic a chur ri Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 leis a' bheagan fhaclan seo. 'S e ro-innleachd airson fàs a tha an seo. Tha adhbhar a' Phlana soilleir; 's e sin àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' labhairt agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba. Buinidh a' Ghàidhlig do Alba. Tha i na pàirt phrìseil agus mhaireannach an dà chuid de dhualchas Alba agus de bheatha chultarach Alba san latha an-diugh agus mar sin feumar oidhirp dhian, chinnteach a dhèanamh gus àite na Gàidhlig ann an Alba a dhìon agus a neartachadh. Mar a tha am Plana seo a' cur taic ris a' Ghàidhlig feumaidh sinn cuideachd luach a chur air dualchasan cànan Galltachd Alba, Shealtainn agus Arcaibh.

Mar a bhios sinn a' dèanamh adhartas leis a' Phlana seo chithear gu bheil sinn a' cumail ri gealltanasan ar manifesto. A bharrachd air sin, cuiridh na prìomhachasan sa Phlana seo cuideachd ri gealltanasan eile ann an raoinean mar ionnsachadh cànan, eòlas Albannach, foghlam thràth-bhliadhnach agus litearrachd.

Tha am Plana seo feumail airson gu bheil e a' cur an cèill nam prìomhachasan air am bu chòir an oidhirp seo a stèidheachadh. Tha e a' freagairt dà cheist bhunaiteach a thaobh taic agus brosnachadh dhan Gàidhlig ann an Alba. Tha e a' mineachadh gu soilleir carson a bu chòir dhan Gàidhlig taic fhaighinn agus tha e a' sealltainn mar a ghabhas seo toirt gu buil. Ged a tha adhbhar a' Phlana soilleir, tha dùbhlann mòr romhainn fhathast.



*Tha adhbhar a' Phlana soilleir; 's e sin àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' labhairt agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba.*




Tha àite cudromach aig daoine, coimhearsnachdan is ùghdarrasan ann am freagairt an dùbhlain seo. Tha e deatamach gun tuig luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh is luchd-taic na Gàidhlig gu bheil àite acasan ann am brosnachadh na Gàidhlig agus gu bheil an gnìomhan, leithid a' cànan a tha iad a' cleachdadh nam beatha làitheil, cudromach. Tha e deatamach gun cleachd coimhearsnachdan a' Ghàidhlig agus gun tuig iad a' bhuaidh a tha aca. Tha e deatamach cuideachd gun aithnich ùghdarrasan is buidhnean Albannach gu bheil àite acasan san obair seo agus gum faod am poileasaidhean is am prògraman cur ri brosnachadh na Gàidhlig ann an Alba.

Chan urrainn Riaghaltas na h-Alba no Bòrd na Gàidhlig seo a thoirt gu buil leotha fhèin. Tha mi misneachail, ge-tà, gun dèan na prìomhachasan seo diofar an co-bhoinn ri dealas dhaoine, choimhearsnachdan agus bhuidhnean.

Mu dheireadh, bu mhath leam taing a thoirt do Art MacCarraig airson na h-obrach a rinn e do Bhòrd na Gàidhlig agus gu h-àraidh airson an stiùiridh a thug e seachad a thaobh deasachadh a' Phlana seo.

Gus cuideachadh le seo, tha am Plana seo a' cur an cèill liosta soilleir de phrìomhachasan far a bheil sùil againn ri adhartas. Faodar a ràdh le cinnt mun Ghàidhlig gun deach adhartas mòr a dhèanamh agus gu bheil mòran ri dhèanamh fhathast. Cuidichidh na prìomhachasan sa Phlana seo leis an amas seo agus tha iad ag innse gu soilleir mar a bu chòir obair is stòras a chuimseachadh gus tuilleadh pisich a thoirt air a' Ghàidhlig ann an Alba.



## 1

## Facail-toisich Cathraiche Bòrd na Gàidhlig



**Ealasaid Nic an t-Saoir**


Tha mi toilichte Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 a chur am follais.

Tha Bòrd na Gàidhlig soilleir gum feum am prìomh fhòcas aig a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a bhith air meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus nan cothroman a tha aig daoine a' chànan a chleachdadh. Feumaidh sinn cuideachd dèanamh cinnteach gun cumar a' leasachadh na cànan fhèin.

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus gabhaidh e a' chiad àite ann a bhith a' cur nam pàirtean iomchaidh dheth an gnìomh. 'S e Plana nàiseanta a tha an seo, ge-tà, agus cuiridh am Bòrd air dòigh com-pàirteachasan èifeachdach ri Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach, ùghdarrasan ionadail, buidhnean Gàidhlig agus am mòr-shluagh, oir bu chòir pàirt a bhith aca uile ann an buileachadh a' Phlana.

Ma bhios a h-uile buidheann a' faireachdainn gu bheil seilbh aca air a' Phlana is gun gabh iad uile làn-phàirt ann a bhith ga thoirt gu buil, bidh cothrom nas fheàrr aig a' Phlana soirbheachadh. Feumaidh am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig spàirn o na h-ùghdarrasan poblach ann an Alba, cho math ri luchd-labhairt na Gàidhlig fhèin, ma tha sinn dol a dhèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig buan san àm ri teachd.

Tha fhathast iomadh dùbhlán an lùib cur stad air crìonadh na Gàidhlig, ach le fianais gu bheil 81% ann an Alba airson nach cail Alba a dearbh-aithne Ghàidhlig<sup>1</sup>, tha sinn a' dol air adhart le misneachd gum faigh am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig taic. Tha e a' cur an cèill dè dh'fheumar a dhèanamh gus ionnsachadh, cleachdadh is tuigsinn na Gàidhlig a bhrosnachadh agus tha e ag innse na tha Bòrd na Gàidhlig a' cur roimhe fhèin. Tha e a' toirt stiùireadh soilleir do ùghdarrasan poblach mu na bu chòir dhaibh a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus gus taic a chur rihte, an dara cuid tro Phlanaichean Gàidhlig no tro an obair àbhaisteach.



## *Tha Bòrd na Gàidhlig a' creidsinn, ma thèid spàirn is stòras gu leòr a chur fa chomhair buileachadh a' Phlana, gun tèid adhartas mòr a dhèanamh a dh'ionnsaigh seasmhachd san ath chòig bliadhna.*

Tha sinn gu h-àraidh airson gun gabh coimhearsnachdan, agus an luchd-labhairt fa leth ann an coimhearsnachdan, pàirt mòran nas motha ann an cur a' Phlana an gnìomh. Ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a cur air stèidh sheasmhach agus air a h-ath-bheothachadh, feumaidh a luchd-labhairt – luchd-ionnsachaidh agus fileantaich – am prìomh uallach airson seo a ghabhail orra fhèin. Tha seo a' cur dùbhlann oirnn uile aig a bheil comas sa Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh uimhir is a ghabhas.


Tha sluagh Alba airson gun tèid ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a bruidhinn ann an Alba san àm ri teachd. Ann an suidheachadh far a bheil airgead poblach gann, tha e nas cudromaiche na bha e riamh gun obraich buidhnean còmhla gus dèanamh cinnteach à sin.

'Se cànan oifigeil a tha sa Ghàidhlig ann an Alba: tha a beatha an urra ri taic o shluagh agus ùghdarrasan na h-Alba. Tha airgead a thèid a chosg air leasachaidhean Gàidhlig buannachdail do Alba a thaobh ionmhais<sup>2</sup>, foghlaim<sup>3</sup> agus cultair<sup>4</sup>.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' creidsinn, ma thèid spàirn is stòras gu leòr a chur fa chomhair buileachadh a' Phlana, gun tèid adhartas mòr a dhèanamh a dh'ionnsaigh seasmhachd san ath chòig bliadhna.

Tha mi airson taing a thoirt do na h-uile a chuidich gus am Plana seo ullachadh. Tha mi gu h-àraidh an comain Art MhicCarraig airson an obair mhòir a rinn e mar Chathraiche air deasachadh a' Phlana agus airson na dìlseachd agus an dealais a nochd e do amasan Bòrd na Gàidhlig on toiseach.

<sup>1</sup> West, Catriona & Graham, Alastair, 2011. *Attitudes Towards the Gaelic Language*, Dùn Èideann: Scottish Government Social Research, duilleag 41 (6.3)  
<sup>2</sup> Chalmers, Douglas, 2003. *The Economic Impact of Gaelic Arts and Culture*. Tràchdas PhD gun fhoillseachadh, Oilthigh Cailleanach Ghlaschu  
<sup>3</sup> O'Hanlon, Fiona & McLeod, Wilson & Paterson, Lindsay, 2010. *Gaelic-Medium Education in Scotland: choice and attainment at the primary and early secondary school stages*. Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig  
<sup>4</sup> Sproull, Alan & Chalmers, Douglas, 2006. *The Demand for Gaelic Arts: Patterns and Impacts — A 10 year longitudinal study*. Stornoway: Gaelic Arts Strategic Development





1	Facail-toisich	
2	<b>Builean: Geàrr-chunntas</b>	
3	Ro-ràdh	
4	Raoitean Leasachaidh	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	



## Builean: Geàrr-chunntas

Coileanadh am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig na prìomh bhuilean a leanas:

### Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

Barrachd dhaoine òga a' togail is a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, agus àrdachadh san àireamh chloinne a' dol gu foghlam thràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

### Foghlam: Sgoiltean agus Tidsearan

Àrdachadh gach bliadhna san àireamh a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG), a' dùblachadh na h-àireimh a tha a' tòiseachadh gach bliadhna an-dràsta gu 800 ann an 2017.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

Àrdachadh bliadhna san àireamh sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI), an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.

Leudachadh air na tha de chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.

### Foghlam: Foghlam Seach-sgoile

Àrdachadh san àireamh inbheach a tha a' togail na Gàidhlig on 2,000 no mar sin a tha ann an-dràsta gu 3,000 ann an 2017, agus leasachadh air sgilean cànan fhileantach.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

### Coimhearsnachdan

Barrachd chothroman aig coimhearsnachdan is lìonraidhean luchd-labhairt a' Ghàidhlig a chleachdadh, is a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh barrachd ann an tachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

### Àite-obrach

Leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus air cothroman cosnadh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig airson gun gabh seirbheisean a thoirt seachad sa chànan.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

### Ealain agus Meadhanan

Leasachadh air ealain agus meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, daoine a tharraing chun na cànan agus an deagh-ghean dhan Ghàidhlig a neartachadh tro chothroman a h-ionnsachadh, a cleachdadh agus a leasachadh.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

### Dualchas agus Turasachd


A' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche ann an dualchas is turasachd, agus barrachd feum a bhith ga dhèanamh dhen Ghàidhlig ann a bhith a' mìneachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C

### Corpas


Co-òrdanachadh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpais Ghàidhlig gus a' Ghàidhlig mar chànan a dhèanamh làidir, feumail, riaghailteach is follaiseach ann an Alba.

3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
3000C 10000  
0000 J000r  
1000 J00C  
000 J00C



## Builean Nàiseanta

Raon leasachaidh	Buil Nàiseanta: Àireamh agus mìneachadh	
<b>Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean Foghlam Corpas</b>	5	Tha an cothrom as fheàrr aig ar cloinn soirbheachadh nam beatha.
	4	Tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach is saoranaich chiallach.
	3	Tha sinn nas ionnsaichte, nas sgileile agus nas soirbheachaile, le cliù airson rannsachadh agus adhartas.
<b>Coimhearsnachdan Àite-obrach</b>	11	Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach agus taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an giùlain fhèin agus a' bhuidhe a tha aige air daoine eile.
	2	Tha sinn a' coileanadh ar làn-chomais eaconamach le cothroman cosnadh nas pailte agus nas fheàrr do ar daoine.
	6	Tha sinn beò nas fhaide agus tha sinn nas fhallaine.
<b>Ealain agus Meadhanan Dualchas agus Turasachd</b>	13	Tha sinn moiteil às ar n-ìomhaigh mar nàisean làidir, chothromach agus fhosgailte.
<b>Am plana iomlan</b>	16	Tha ar seirbheisean poblach aig ìre àrd is a' sìor fhàs nas fheàrr agus tha iad èifeachdach is a' freagairt air feuman an t-sluaigh.
	7	Tha sinn a' cur an aghaidh dìth co-ionannachd nar dòigh-beatha.



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	<b>Ro-ràdh</b>	
4	Raointean Leasachaidh	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	



## Ro-ràdh

*'S e adhbhar a' Phlana seo àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba.*



### Fàilte

Fàilte gu Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17.


Tha an cuideam anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig seo air leasachaidhean a chuireas ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus an raon shuidheachaidhean sa bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh.

Ri linn a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig seo agus anns na bliadhnaichean a leanas e, obraichidh Bòrd na Gàidhlig le Riaghaltas na h-Alba gus an roinn dhen t-sluagh a bhruidhneas a' Ghàidhlig a thoirt air ais suas, ann an 2021, gu na h-ìrean a chaidh a chlàradh ann an Cunntas-sluaigh 2001.

Gu follaiseach chan urrainn Riaghaltas na h-Alba no Bòrd na Gàidhlig ar prìomh amas, àrdachadh san àireamh a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn is a' cleachdadh na Gàidhlig, a thoirt gu buil leinn fhèin agus mar sin obraichidh sinn le buidheann sam bith a chuidicheas gus na h-amasan sin a choileanadh.

Tha e mar dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus am prìomh àite a ghabhail ann an cur phàirtean dheth an gnìomh. Tha dleastanas cuideachd air luchd-labhairt na Gàidhlig, buidhnean poblach, ùghdarrasan ionadail, buidhnean Gàidhlig is eile co-obrachadh leis a' Bhòrd gus dèanamh cinnteach gu bheil uimhir 's a ghabhas dhen Phlana air a bhuileachadh.

Tha Earrann 4 dhen Phlana ag innse barrachd mu na raointean leasachaidh a tha deatamach gus amasan Bòrd na Gàidhlig a choileanadh, na h-adhbhair a tha iad cudromach agus na h-amasan a tha sinn airson a thoirt gu buil còmhla tro ro-innleachdan dhan Bhòrd agus do ùghdarrasan is bhuidhnean eile.



**Dè tha anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig?**


Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a dh'aontaicheadh le Pàrlamaid na h-Alba, ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil co-ionannachd spèis ris a' Bheurla.

Tha an Achd a' togail air an stiùireadh a bha ann cheana air còirichean na Gàidhlig is mhion-chànain eile, mar Agartas nan Nàiseanan Aonaichte air Còirichean Dhaoine a Bhuineas don Bheag-chuid a thaobh Dualchais, Creideimh no Cànain (1992), Cairt Eòrpach nan Cànain Roinneil agus nam Mion-chànain aig Comhairle na h-Eòrpa (1992), Am Frèam-Chùmhnant airson Dion Mhion-bhuidhnean Nàiseanta (1995); agus clàsaichean mun Ghàidhlig ann an reachdas Phàrlamaidean na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba co-cheangailte ri foghlam, meadhanan, cùirtean sìobhalta agus croitearachd. Am measg rudan eile tha an Achd a' cur mar dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur fa chomhair nam Ministearan Albannach. Anns an t-seagh sin, 's e sgrìobhainn le inbhe laghail a tha anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig seach dìreach liosta de phrìomhachasan corporra.

Tha am Plana seo a' coileanadh iarrtas na h-Achd gun tèid Plana ath-leasaichte a chur a-steach còig bliadhna às dèidh a' chiad fhìr agus tha e a' cur an cèill gu soilleir nam prìomhachasan as cudromaiche airson na Gàidhlig agus mar a bu chòir an stòras a tha ri fhaotainn a chur gu feum.

Tha molaidhean sa Phlana a thaobh ro-innleachdan a chur air adhart airson an àireamh a bhruidhneas Gàidhlig àrdachadh, cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus cànain is cultar na Gàidhlig a dhèanamh nas fhollaisiche. Tha e a' gabhail a-steach prìomhachasan dham bu chòir buidhnean is ùghdarrasan sùim a ghabhail an dàimh ri cùisean Gàidhlig agus Planaichean Gàidhlig.


*'S e am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ar prìomh phàipear poileasaidh airson na Gàidhlig agus tha e a' cur an cèill mar a bhios an Riaghaltas, ùghdarrasan, buidhnean poblach, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean eile a' toirt brosnachadh agus taic dhan Ghàidhlig thairis air an ath chòig bliadhna.*



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	Raoitean Leasachaidh	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

	Dè tha anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?
	Carson a tha feum air Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?
	Carson a bu chòir brosnachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig?

*Tha na h-adhbhair airson seo soilleir. Tha feum air Plana Nàiseanta air sgàth gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do Alba ach gu bheil i ann an staid chugallach, agus 's e an dòigh air sin a leasachadh co-obrachadh gus gnìomh, stòras agus taic riaghaltais a chuimseachadh air prìomhachasan aontaichte.*



### Carson a tha feum air Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?

Tha a' Ghàidhlig air crìonadh mòr fhulang ann an Alba. Tha grunn adhbhar airson seo, nam measg gun deach dearmad oifigeil<sup>5</sup> a dhèanamh oirre thairis air iomadh bliadhna agus gu bheil àireamh an t-sluaigh air a bhith a' dol sìos anns na coimhearsnachdan far an robh a' Ghàidhlig làidir aig aon àm.

Tha còrr is 90,000 duine ann an Alba aig an àm seo aig a bheil comas air choreigin anns a' Ghàidhlig agus faisg air 60,000 a bhruidhneas i.<sup>6</sup>

Tha iomairtean air a bhith a' dol o chionn greise gus feuchainn ri stad a chur air crìonadh na Gàidhlig. O 1991 tha fianais ann gu bheil reat a' chrìonaidh nas slaodaiche agus gu h-àraidh gu bheil an àireamh de luchd-labhairt òga air èirigh.<sup>7</sup>

'S e rud math a tha an sin, ach tha suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba fhathast a' cur feum air taic. Tha e soilleir gum feum an reat aig a bheil luchd-labhairt ùra gan cruthachadh a dhol suas gu susbainteach, agus gu luath, ma tha a' chànan gu bhith air a cur air slighe fais sheasmhach. Tha e deatamach, agus comasach, fhathast leasachaidhean mar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thoirt ceum air adhart agus cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh is leasachadh na Gàidhlig a' cumail a' dol ann an coimhearsnachdan, gu h-àraidh far a bheil na freumhaichean as treasa aice.

'S ann ri luchd-labhairt na Gàidhlig a tha e an urra am bi a' chànan buan agus feumaidh sinn am misneachd is an uaille sa chànan ath-nuadhachadh le bhith toirt barrachd cothrom dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh is luach a chur oirre, agus le bhith toirt barrachd àite dhaibh san obair ath-bheothachaidh.

Tha dùthchannan eile air mion-chànain ath-bheothachadh agus 's urrainn do Alba a dhèanamh dhan Ghàidhlig tro spàirn is co-obrachadh èifeachdach agus le dèanamh an fheum as fheàrr de ghhoireasan.

Tha sinn misneachail gu bheil am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig comasach air sin a choileanadh. Tha e ag innse na dh'fheumas tachairt ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba san àm ri teachd le co-ionannachd spèis ris a' Bheurla, agus tha e ag innse far am bi Bòrd na Gàidhlig aig ceann iomairtean, far am bi an t-uallach air buidhnean eile is far a bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig fhèin.

<sup>5</sup> Crystal, David, 2000. *Language Death*. Cambridge: Cambridge University Press, duilleag 79  
<sup>6</sup> Cf. *Scotland's Census 2001: Gaelic report*. Edinburgh: General Register Office for Scotland, 2005, Table 1  
<sup>7</sup> *Scotland's Census 2001: Gaelic report*. Edinburgh: General Register Office for Scotland, 2005, Table 5

	Dè tha anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?
	Carson a tha feum air Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig?
	Carson a bu chòir brosnachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig?

## Carson a bu chòir brosnachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig?

Tha a' Ghàidhlig cudromach air adhbhair dualchais agus dearbh-aithne. Tha i a' dèanamh ceangal ri coimhearsnachd cànan aig a bheil freumhaichean domhainn ann an Alba.

Tha a' Ghàidhlig cuideachd a' toirt doimhneachd agus farsaingeachd do ar cultar le bhith a' toirt cothrom do Alba agus dhan chòrr dhen t-saoghal eòlas a chur air cultar sònraichte agus cothrom sin a chur an cèill ann an iomadh dòigh.

Thug Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 inbhe oifigeil dhan Ghàidhlig mar chànan ann an Alba. Chan eil an inbhe seo aig cànan sam bith eile.

Tha a' Ghàidhlig cudromach on a tha i a' toirt coimhearsnachd dhà-chànanach do Alba. Tha aonta a' fàs mu na buannachdan a tha an cois dà-chànanais ann am foghlam<sup>8</sup>, cultar<sup>9</sup> agus gu pearsanta.<sup>10</sup>

Tha rannsachadh ùr air sealltainn gu bheil clann a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a' dèanamh cho math ri an co-aoisean ann an cuspairean mar saidheans is matamataig agus mar as trice nas fheàrr ann an leughadh agus sgrìobhadh na Beurla na an co-aoisean ann am foghlam tro mheadhan na Beurla.

Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil buaidh mhath aig cleachdadh dà chànan air slàinte, mar eisimpleir le bhith cur maill air tòiseachadh thinneas inntinn leithid Alzheimer's.<sup>11</sup>

Tha e dearbhte gu bheil buannachdan eaconamach an cois na Gàidhlig<sup>12</sup>. Tha seo gu h-àraidh fìor ann an sgìrean le beagan sluaigh agus le mar a tha daoine òga a fhuair foghlam dà-chànanach a' faighinn cothrom an sgìlean Gàidhlig a chur gu feum ann an cosnadh is ann am foghlam adhartach is àrd-ìre.<sup>13</sup>

Tha a' Ghàidhlig cudromach cuideachd airson adhbhair co-cheangailte ri roghainn agus ceartas. Le bhith toirt taic dhan

*Tha iomadh adhbhar, pearsanta agus nàiseanta, ann airson brosnachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann an Alba. Ged tha na h-adhbhair sin eadar-dhealaichte o chèile, an rud a tha soilleir 's e gu bheil an t-uallach airson nan cùisean seo an urra ri Alba a-mhàin.*



Ghàidhlig tha Alba a' sealltainn gu bheil i a' dèanamh suas airson bliadhnaichean de dhearmad agus a' toirt tomhas de cho-ionannachd spèis do chànan a bha air an iomall.

Tha dleastanas air an Riaghaltas a thaobh brosnachadh na Gàidhlig aig gach ìre. Tha dleastanas cuideachd air luchd-labhairt na Gàidhlig pàirt a ghabhail san obair seo. Tha mòran aig an fheadhainn a tha air a bhith bruidhinn na Gàidhlig fad am beatha ri chur ri beairteas agus èifeachdas na cànan mar a tha i ga h-ath-stèidheachadh, ga leasachadh agus ga cleachdadh barrachd is barrachd.

<sup>8</sup> O'Hanlon, Fiona & McLeod, Wilson & Paterson, Lindsay, 2010. *Gaelic-Medium Education in Scotland: choice and attainment at the primary and early secondary school stages*. Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig


<sup>9</sup> Sproull, Alan & Chalmers, Douglas, 2006. *The Demand for Gaelic Arts: Patterns and Impacts — A 10 year longitudinal study*. Stornoway: Gaelic Arts Strategic Development

<sup>10</sup> Europublic, 2009. *Study on the Contribution of Multilingualism to Creativity*. Brussels: European Commission

<sup>11</sup> Schweizer, Tom A & Ware, Jenna & Fischer, Corinne E. & Craik, Fergus I.M. & Bialystok, Ellen, 2011. *Bilingualism as a contributor to cognitive reserve: Evidence from brain atrophy in Alzheimer's disease*

<sup>12</sup> Chalmers, Douglas, 2003. *The Economic Impact of Gaelic Arts and Culture*. Tràchdas PhD gun fhoillseachadh, Oilthigh Cailleanach Ghlaschu

<sup>13</sup> Campbell, Iain et al., 2008. *Measuring the Gaelic Labour Market: current and future potential*. Inbhir Nis: Hecla Consulting




1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
Foghlam: Sgoiltean agus Tidsaran
Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
Coimhearsnachdan
Àite-obrach
Ealain agus Meadhanan
Dualchas agus Turasachd
Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh



### Ro-ràdh

Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' cuimseachadh air sia prìomh raointean leasachaidh a tha deatamach a thaobh a bhith ag àrdachadh na h-àireimh a tha ag ionnsachadh, a' labhairt agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba.

Tha cunntas a' leantainn gu h-ìosal air na sia raointean agus na h-adhbhair a tha iad cudromach. Tha na ceumannan a dh'fheumar a ghabhail, a tha air am mìneachadh às dèidh sin, air am bonntachadh air rannsachadh mu phlanadh cànan sa chumantas agus mu fhoghlam, cùram-chloinne is coimhearsnachd Ghàidhlig gu sònraichte. Bidh pàirt chudromach aig rannsachadh anns an àm ri teachd cuideachd a thaobh dealbh poileasaidh agus measadh buaidh leasachaidhean anns na sia raointean seo.

### Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean

Airson a' Ghàidhlig a bhith buan feumar fàs ann an ionnsachadh is cleachdadh na cànan san dachaigh agus ann am foghlam thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.

### Foghlam: Sgoiltean agus Tidsaran agus Foghlam Seach-sgoile

Airson a' Ghàidhlig a bhith buan ann an Alba san àm ri teachd feumar barrachd taic a thoirt do fhoghlam Gàidhlig aig gach ìre agus anns gach roinn-foghlaim gus an tuilleadh brosnachaidh, taic agus leudachaidh a thoirt gu buil.

### Coimhearsnachdan

Airson a' Ghàidhlig a bhith buan ann an Alba san àm ri teachd feumar barrachd taic a thoirt do choimhearsnachdan is do lìonraidhean luchd-labhairt Gàidhlig agus do iomairtean coimhearsnachd a tha ag amas air cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a leudachadh.

### Àite-obrach




Airson a' Ghàidhlig a bhith buan ann an Alba is fheadar barrachd feum a dhèanamh dhen Ghàidhlig ann an àiteachan-obrach, a' toirt cothrom sgilean Gàidhlig a chleachdadh agus a leasachadh ann an suidheachaidhean obrach eadar-dhealaichte agus gus seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig.

### Ealain agus Meadhanan, Dualchas agus Turasachd


Airson a' Ghàidhlig a bhith buan ann an Alba feumar a cur gu feum barrachd ann an roinnean ealain, mheadhanan, dualchais agus turasachd, a' foillseachadh àite na Gàidhlig ann am beatha chultarach Alba agus a' dèanamh dhaoine nas mothachail air a' Ghàidhlig agus nas bàidheile rithe tro chothroman air toil-inntinn agus obair fhaotainn aiste.

### Corpas

Airson a' Ghàidhlig a bhith buan ann an Alba san àm ri teachd feumar sùim a ghabhail do leasachadh briathrachais, eadar-theangachaidh, litreachaidh is ainmean-àite gus dèanamh cinnteach gun cùm a' Ghàidhlig a' tighinn air adhart mar chànan a tha làidir, feumail, riaghailteach is follaiseach.







**DACHAIGH  
AGUS  
TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN**



*Tha rannsachadh is eòlas  
eadar-nàiseanta ag innse dhuinn  
gu bheil ionnsachadh cànanain  
anns an dachaigh agus ann am  
foghlam thràth-bhliadhnaichean  
deatamach ma tha a' Ghàidhlig  
gu bhith buan ann an Alba.*



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean	
	Foghlam: Sgoiltean agus Tidsaran
	Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
	Coimhearsnachdan
	Àite-obrach
	Ealain agus Meadhanan
	Dualchas agus Turasachd
	Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh

# Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean

### Buil:

Barrachd dhaoine òga a' togail is a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus àrdachadh san àireamh chloinne a' dol gu foghlam thràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

### Adhbhar

Tha rannsachadh is eòlas eadar-nàiseanta ag innse dhuinn gu bheil ionnsachadh cànan anns an dachaigh agus ann am foghlam thràth-bhliadhnaichean deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba san àm ri teachd. Tha ionnsachadh cànan aig aois òig a' brosnachadh deagh-ghean is dilseachd do chànan agus a' cruthachadh bunait is iarrtas gus cumail a' dol ag ionnsachadh na Gàidhlig.



**Bidh prìomhachas aig** an raon seo agus, tro structar-taice èifeachdach, thèid taic is goireasan a chumseachadh air iomairtean a bhrosnaicheas Gàidhlig san dachaigh agus na tràth-bhliadhnaichean.

### Ro-innleachd

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gu bheil clann a' togail na Gàidhlig san dachaigh is gu bheil an àireamh chloinne a tha a' togail na Gàidhlig mar seo a' dol suas, agus cuideachd gun tèid foghlam thràth-bhliadhnaichean sa Ghàidhlig a leasachadh.

### 'S e ar prìomhachasan ro-innleachdail:

- > Dèanamh dhaoine mothachail air cho cudromach 's a tha an dachaigh a thaobh togail na Gàidhlig agus brosnachadh barrachd phàrantan gus foghlam Gàidhlig a thaghadh dhan cuid chloinne
- > Dèanamh cinnteach gu bheil taic phractaigeach, goireasan agus comhairle rim faotainn mu bhith a' toirt na Gàidhlig do chloinn anns an dachaigh agus ann am foghlam thràth-bhliadhnaichean
- > Dèanamh cinnteach gu bheil na ceanglaichean eadar cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus foghlam thràth-bhliadhnaichean air an neartachadh
- > Leasachadh agus leudachadh air obair bhuidhnean ro-sgoile Gàidhlig a tha gan ruith gu saor-thoileach agus air foghlam thràth-bhliadhnaichean reachdail.



## Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

Mar thoradh air a dhleastanas gus cleachdadh agus tuigsinn na Gàidhlig a bhrosnachadh, gabhaidh Bòrd na Gàidhlig a' chiad àite ann an cur an gnìomh na ro-innleachd gus daoine a dhèanamh mothachail air cho cudromach 's a tha an dachaigh airson cleachdadh agus togail na Gàidhlig.

Gabhaidh Bòrd na Gàidhlig a' chiad àite le seirbheis thràth-bhliadhnaichean 0-3 Gàidhlig. Nì a sgioba thràth-bhliadhnaichean seo le bhith dol an sàs ann an cuideachadh luchd-obrach thràth-bhliadhnaichean is theaghlaichean airson clann a thogail le Gàidhlig san dachaigh. Tro Aontan Ìre Seirbheis ri buidhnean Gàidhlig is coimhearsnachd a tha a' toirt seirbheis thràth-bhliadhnaichean, bidh taic ri faotainn do phàrantan is theaghlaichean a tha a' toirt na Gàidhlig dhan ath ghinealach.

Brosnaichidh am Bòrd buidhnean gus an ro-innleachd seo a ghabhail a-steach ann an Aontan Buil Shingilte agus nì e cinnteach gu bheil e ann am Planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan iomchaidh.

Gabhaidh am Bòrd a h-uile cothrom air an raon seo a leudachadh agus ìre feabhais na seirbheis agus an taic a tha i a' faighinn a leasachadh. Siridh am Bòrd dòighean air taic a thoirt do bhuidhnean san roinn phrìobhaidich a tha a' tabhann sheirbheisean thràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.


## Dleastanas ùghdarrasan agus buidhnean eile

Tha na prìomhachasan gu h-àrd a' toirt cothrom do ùghdarrasan poblach ann an Alba eileamaidean dhen Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chur an gnìomh tro an ro-innleachdan fhèin no mar phàirt de Phlana Gàidhlig reachdail.

Cruthaichidh buidhnean iomchaidh, tro Aontan Ìre Seirbheis le Bòrd na Gàidhlig, na goireasan a tha a dhìth gus taic a thoirt do foghlam thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.


Ged a tha foghlam 0-3 Gàidhlig air a lìbhrigeadh sa chumantas le buidhnean saor-thoileach, tha e cudromach gun toir ùghdarrasan ionadail taic dha na seirbheisean thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig san sgìre aca agus gun dèan iad cinnteach gu bheil leantanas ann agus cothrom gluasad gu rèidh gu seirbheis reachdail 3-5. Thathar a' sùileachadh gum bi am Planaichean Gàidhlig a' gabhail seo a-steach.

Tha buidhnean eile an sàs ann am foghlam thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig ri bheil na prìomhachasan seo a' buntainn, mar Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach mar Foghlam Alba is MG ALBA agus am BBC, a bhios a' dèanamh phrògraman a tha toirt taic do thogail na Gàidhlig aig an aois seo.



**FOGLAM:  
SGOILTEAN  
AGUS  
TIDSEARAN**





*Tha foghlam tro  
mheadhan na Gàidhlig  
a' neartachadh agus  
a' leudachadh an  
sgilean cànanain.*



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raoinean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
<b>Foghlam: Sgoiltean agus Tidsearan</b>
Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
Coimhearsnachdan
Àite-obrach
Ealain agus Meadhanan
Dualchas agus Turasachd
Corpas

# 4

## Raoinean Leasachaidh

# Foghlam: Sgoiltean agus Tidsearan

### Buil:

Àrdachadh gach bliadhna san àireamh a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG), a' dùblachadh na h-àireimh bhliadhnail a tha a' tòiseachadh an-dràsta gu 800 ann an 2017.

Àrdachadh bliadhnail san àireamh sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI), an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.

Leudachadh air na tha de chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.


### Ro-innleachd

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha FTG agus FLI agus gu bheil feum aig na dhà air àrdachadh anns na h-àireamhan agus air barrachd taic.

### Adhbhar

Tha ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba. Tha e an comas an dà chuid FTG agus FLI luchd-labhairt ùra a chruthachadh. Dhaibhsan a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig aig aois òig tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' neartachadh agus a' leudachadh an sgilean cànan agus tha e cudromach gun cùm e a' dol cho fad 's a ghabhas. Dhaibhsan aig nach robh an cothrom seo, bheir foghlam Gàidhlig diofar ìrean comais dhaibh anns a' Ghàidhlig.

**Bidh prìomhachas aig** an raon leasachaidh seo agus thèid taic agus goireasan a chuireadh air iomairtean a tha a' brosnachadh na Gàidhlig ann am foghlam sgoile.





*'S e ar prìomhachasan ro-innleachdail:*

- Cur ris na tha ann de leasachaidhean gus an dà chuid FTG agus FLI a bhrosnachadh, a stèidheachadh agus a leudachadh aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile
- Dèanamh cinnteach gu bheil sùim iomchaidh ga toirt do fhadth, cumail, oideachadh agus leasachadh thidsearan FTG agus FLI
- Toirt raon fharsaing de chothroman do dhaoine òga an dà chuid ann an FTG agus FLI gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan a bheir an sgilean Gàidhlig air adhart tro bharrachd cleachdaidh
- Dèanamh cinnteach, tro Stiùireadh Nàiseanta agus ann an dòighean eile, gu bheil na ghabhas air a dhèanamh gus an dà chuid FTG agus FLI a chumail aig ìre feabhais àrd.

### **Dleastanas Bòrd na Gàidhlig**

Tha prìomh dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig ro-innleachd a dhealbhadh airson foghlam Gàidhlig mar phàirt den Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig.

Gabhaidh am Bòrd cuideachd a' chiad àite ann an raointean mar ullachadh Stiùireadh Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig agus comharrachadh fheuman maoin eachaidh leantainnich agus calpa. Cuidichidh Bòrd na Gàidhlig na Ministearan Albannach a' coileanadh an gealltanas a thaobh cruthachadh chòirichean air foghlam Gàidhlig agus bheir e comhairle seachad air cuin a bhiodh e iomchaidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin a bhith ri fhaighinn ann an sgoiltean àraidh.

Bheir Bòrd na Gàidhlig stiùireadh san raon seo tron Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig, air a bheil riochdairean nam prìomh bhuidhnean a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig.

Tha prìomh dhleastanas air a' Bhòrd airson fastadh thidsearan Gàidhlig agus obraichidh e leis gach buidheann iomchaidh gus planadh, fastadh is foghlam thidsearan a leasachadh. Obraichidh sinn le Riaghaltas na h-Alba is ùghdarrasan ionadail gus cuibhreann brosnachaidh a thabhann air thidsearan is gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' dol gu na puist FTG a chaidh aontachadh agus a' fuireach annta.


A' cleachdadh na maoin a thèid a thoirt dha, obraichidh am Bòrd le ùghdarrasan ionadail is buidhnean foghlaim nàiseanta agus bheir e taic, mar as iomchaidh, do leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig.

Brosnaichidh am Bòrd buidhnean gus an ro-innleachd seo a ghabhail a-steach ann an Aontan Buil Shingilte agus nì e cinnteach gu bheil e ann am Planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan iomchaidh.

### **Dleastanas ùghdarrasan agus bhuidhnean eile**

Tha na prìomhachasan gu h-àrd a' toirt cothrom do ùghdarrasan poblach ann an Alba eileamaidean dhen Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig seo a chur an gnìomh tro an ro-innleachdan fhèin no mar phàirt de Phlana Gàidhlig reachdail.


Ged as ann air ùghdarrasan ionadail gu ìre mhòir a tha an t-uallach airson cur foghlam Gàidhlig air dòigh, tha grunn de bhuidhnean eile aig a bheil àite cudromach an seo agus ris a bheil na prìomhachasan seo a' buntainn. Nam measg tha Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach mar Foghlam Alba, Comhairle Maoin eachaidh na h-Alba, SQA, MG ALBA, am BBC, ionadan foghlaim leantainneach agus àrd-ìre, buidhnean Gàidhlig, buidhnean phàrantan agus na meadhanan.





**FOGLAM:  
FOGLAM  
SEACH-SGOILE**



A young woman with dark hair tied back, wearing a white school shirt and a dark tie with red and yellow stripes, sits on a red wooden chair. She is looking upwards and to the right with a thoughtful expression. Her hands are resting on a book or paper on her lap, and she holds a yellow pencil. The background is a plain, light-colored wall with a soft shadow of her head and shoulders cast behind her. A semi-transparent grey rectangular box is overlaid on the lower half of the image, containing white text. In the bottom right corner of the image, there is a decorative graphic of white dots arranged in a grid pattern.

*Tha foghlam Gàidhlig  
anns na Roinnean  
Leantainneach agus  
Àrd-Ìre agus ann an  
seirbheisean neo-  
eisimeileach inbheach  
deatamach ma tha a'  
Ghàidhlig gu bhith buan  
ann an Alba.*

1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

	Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
	Foghlam: Sgoiltean agus Tidsaran
	<b>Foghlam: Foghlam Seach-sgoile</b>
	Coimhearsnachdan
	Àite-obrach
	Ealain agus Meadhanan
	Dualchas agus Turasachd
	Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh

# Foghlam: Foghlam Seach-sgoile

### Buil:

Àrdachadh san àireamh inbheach a tha a' togail na Gàidhlig on 2,000 no mar sin a tha ann an-dràsta gu 3,000 ann an 2017, agus leasachadh air sgilean cànan fileantach.

### Adhbhar

Tha foghlam Gàidhlig anns na Roinnean Leantainneach (RL) agus Àrd-Ire (AI), agus ann an seirbheisean neo-eisimeileach inbheach, deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba. Tha e an comas ionnsachadh na Gàidhlig anns na roinnean sin cur ris an àireamh a tha a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig. Cuideachd, tha an comas sònraichte aig roinnean AI agus RL cur ri beairteas na Gàidhlig ann an Alba agus leantanas is roghainn a stèidheachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig.


**Bidh prìomhachas aig** an raon leasachaidh seo agus thèid taic agus goireasan a chuireadh air iomairtean a bhrosnaicheas foghlam èifeachdach airson inbhich.

### Ro-innleachd

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha ionnsachadh Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile is gu bheil feum air adhartas le seo gus an crìonadh san àireamh luchd-labhairt a thilleadh. Tha feum àraidh air àite na Gàidhlig a neartachadh ann an AI is RL.

### 'S e ar prìomhachasan ro-innleachdail:

- > Toirt cothrom do bharrachd inbheach pàirt a ghabhail ann an raon fharsaing de ionnsachadh Gàidhlig agus cur ris an àireamh a tha a' ruighinn fileantachd
- > Dèanamh cinnteach gu bheil cothroman an dà chuid aig inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus aig fileantaich cumail a' leasachadh an sgilean litearrachd agus an sgilean cànan eile
- > Dèanamh cinnteach gu bheil goireasan-taice math ann do inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig
- > Neartachadh comas àraidh RL agus AI gus cur ri beairteas agus ìomhaigh na Gàidhlig ann an Alba.





---

## Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

---

Mar thoradh air a dhleastanas gus cleachdadh is tuigsinn na Gàidhlig a bhrosnachadh, gabhaidh Bòrd na Gàidhlig prìomh àite ann an toirt taic do fhoghlam Gàidhlig inbheach taobh a-muigh RL/AI an Alba.

Bheir Bòrd na Gàidhlig taic do rannsachadh air a' Ghàidhlig san roinn seo agus cumaidh e a' maoineachadh leasachaidh air cothroman ionnsachaidh seach-sgoile agus a' dèanamh cinnteach, tro Aontan Ìre Seirbheis, gu bheil buidhnean Gàidhlig a' toirt chothroman ionnsachaidh do inbhich mar as iomchaidh agus cothroman a' chànan a chleachdadh ann am barrachd shuidheachaidhean.

Nì am Bòrd cuideachd cinnteach gu bheil taic airson coileanadh nam prìomhachasan seo am measg nam molaidhean ann am Planaichean Gàidhlig ùghdarrasan poblach.

---

## Dleastanas bhuidhnean eile

---


Tha àite aig grunn bhuidhnean agus ùghdarrasan a thaobh a bhith a' toirt taic do ionadan FL/AI a tha a' libhrigeadh foghlam seach-sgoile Gàidhlig, nam measg Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.

Tha àite sònraichte aig Sabhal Mòr Ostaig san raon seo agus obraichidh am Bòrd leis a' Cholaiste gus dèanamh cinnteach gu bheil taic aice ann a bhith a' libhrigeadh a cùrsaichean Gàidhlig tro chom-pàirtichean OGE agus buidhnean eile air feadh Alba.

Tha àite aig buidhnean iomairt cuideachd ann am maoineachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich, gu h-àraidh far a bheil seo a' cruthachadh no a' dìon obraichean is a' neartachadh coimhearsnachd.

Feumaidh ùghdarrasan poblach a tha air tagradh fhaighinn airson Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo.

Tha àite cudromach aig MG ALBA ann a bhith toirt taic do thrèanadh a nì cinnteach gu bheil na sgilean teicnigeach agus Gàidhlig aig luchd-obrach anns na meadhanan air an leasachadh gu cunbhalach. Bu chòir do MG ALBA, còmhla ris a' BhBC, Sabhal Mòr Ostaig agus buidhnean Gàidhlig, taic a thoirt do ionnsachadh na Gàidhlig le prògraman iomchaidh agus tachartasan coimhearsnachd.



COIMHEARSNACHDAN



*'S e luchd-labhairt  
Gàidhlig an goireas as  
luachmhoire ma tha  
a' chànan gu bhith  
buan.*





1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
Foghlam: Sgoiltean agus Tidssearan
Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
<b>Coimhearsnachdan</b>
Àite-obrach
Ealain agus Meadhanan
Dualchas agus Turasachd
Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh **Coimhearsnachdan**

### **Buil:**

Barrachd chothroman aig coimhearsnachdan is lìonraidhean luchd-labhairt a' Ghàidhlig a chleachdadh, is a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh barrachd ann an tachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.

### **Adhbhar**

Tha coimhearsnachdan is lìonraidhean sa bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan an Alba agus 's e luchd-labhairt Gàidhlig an goireas as luachmhoire airson sin.

Bidh prìomhachas aig an raon leasachaidh seo agus thèid ceumannan a ghabhail gus taic agus neart a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig far a bheil coimhearsnachdan luchd-labhairt Gàidhlig.

### **Ro-innleachd**


Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan luchd-labhairt agus a bhith a' brosnachadh leasachaidhean a neartaicheas is a leudaicheas cleachdadh na Gàidhlig. Bheir sinn taic do leasachadh diofar sheòrsaichean coimhearsnachd Ghàidhlig. Bidh na dòighean-obrach diofraichte ach tha e an-còmhnaidh cudromach gum bi pàirt aig a' choimhearsnachd fhèin ann am planadh is cur-an-gnìomh agus gum fairich iad gur e an leasachadh-san a tha ann.<sup>14</sup>

Ann an coimhearsnachdan far a bheil comasan Gàidhlig aig 20% no barrachd, bu chòir cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh tro ùghdarrasan poblach a bhith toirt seachad sheirbheisean dà-chànanach, leithid foghlam agus conaltradh ris a' mhòr-shluagh, agus tro bharrachd chothroman a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am beatha làitheil gnòthachais agus coimhearsnachd.

Ann an sgìrean eile anns a bheil grunn luchd-labhairt Gàidhlig, bheirear taic do raon fharsaing de leasachaidhean coimhearsnachd a bhrosnaicheas ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig. Tha seo gu h-àraidh cudromach ann an sgìrean far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus far an cuireadh tachartasan Gàidhlig eile taic ri togail na Gàidhlig san dachaigh no sa choimhearsnachd.

Bheirear taic cuideachd do lìonraidhean eile de luchd-labhairt Gàidhlig a tha airson a' Ghàidhlig a chleachdadh nan obair, leithid pàrantan aig ionad foghlaim àraidh, buidheann còmhraidh Gàidhlig no coimhearsnachd Ghàidhlig air-loidhne.

<sup>14</sup> Taylor, Iain & Munro, Gillian & Armstrong, Tim, 2010. *Barail agus Comas Càinain*. Sabhal Mòr Ostaig: Bòrd na Gàidhlig





*'S e ar prìomhachasan ro-innleachdail:*

- > Cur ri cleachdadh agus làthaireachd na Gàidhlig tro sheirbheisean dà-chànanach a bhith rim faotainn ann an sgìrean far a bheil comasan Gàidhlig aig 20% no barrachd dhen t-sluagh
- > Dèanamh cinnteach gu bheil taic aig iomairtean airson brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns a h-uile seòrsa coimhearsnachd luchd-labhairt
- > Toirt taic do leasachaidhean a tha a' dèanamh feum de sgilean agus comasan luchd-labhairt Gàidhlig ann an tachartasan coimhearsnachd
- > Toirt cothrom do dhaoine òga is luchd-ionnsachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh gu neo-fhoirmeil.

**Dleastanas Bòrd na Gàidhlig**

Mar thoradh air a dhleastanas gus cleachdadh is tuigsinn na Gàidhlig a bhrosnachadh, gabhaidh Bòrd na Gàidhlig, nuair a dh'iarrar air no air a cheann fhèin, a' chiad àite ann am planadh agus stèidheachadh leasachaidhean ionadail Gàidhlig, ach ma tha iad gu bhith soirbheachail, tha e cudromach gum fairich a' choimhearsnachd gur ann leothasan a tha iad. Bheir am Bòrd maoinachadh do leasachaidhean a thèid aontachadh gu h-ionadail agus measar iad gu neo-fhoirmeil agus tro rannsachadh foirmeil o àm gu àm.

Tro Aontan Ìre Seirbheis nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gu bheil na buidhnean Gàidhlig a' cumail taic ris na diofar leasachaidhean a tha air an aontachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.


Nì Bòrd na Gàidhlig conaltradh ris an h-ùghdarrasan agus eaglaisean aig a bheil gnothach ri coimhearsnachdan Gàidhlig mu leasachaidhean ionadail agus nì e cinnteach gu bheil molaidhean sna Planaichean Gàidhlig aca a bheir taic dhaibh. Siridh am Bòrd cuideachd gum bi iad air an gabhail a-steach ann an Aontan Buil Shingilte.

**Dleastanas bhuidhnean eile**

Bidh sinn a' sùileachadh air ùghdarrasan poblach, tro phròiseas nam Planaichean Gàidhlig, an seirbheisean a thabhann sa Ghàidhlig anns na sgìrean sa bheil comasan Gàidhlig aig còrr is 20%.

Feumaidh ùghdarrasan poblach a tha air tagradh fhaighinn airson Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo agus an structar-obrach a tha an urra riutha a dhealb an leithid a dhòigh is gu bheil a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cleachdadh uimhir 's a ghabhas sa choimhearsnachd. Bidh sinn cuideachd a' sùileachadh air buidhnean poblach leithid nan ùghdarrasan ionadail iomchaidh taic a thoirt do thachartasan coimhearsnachd Gàidhlig le airgead, tìde luchd-obrach agus goireasan.


Feumaidh buidhnean coimhearsnachd seilbh a ghabhail air planaichean ionadail gus a' Ghàidhlig a stèidheachadh is ath-bheothachadh agus bidh e air a shùileachadh air buidhnean Gàidhlig, tro an Aontan Ìre Seirbheis, taic a thoirt do leasachaidhean ionadail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.









## ÀITE-OBACH



*Tha cleachdadh na  
Gàidhlig san àite-  
obrach deatamach ma  
tha a' Ghàidhlig gu  
bhith buan ann an Alba.*





1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
Foghlam: Sgoiltean agus Tidsaran
Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
Coimhearsnachdan
<b>Àite-obrach</b>
Ealain agus Meadhanan
Dualchas agus Turasachd
Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh **Àite-obrach**

### **Buil:**

Leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus air cothroman cosnadh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig airson gun gabh seirbheisean a thoirt seachad sa chànan.

### **Adhbhar**

Tha cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba. Tha seo a' toirt cothrom do dhaoine le Gàidhlig an sgilean cànan a chleachdadh, a leudachadh is a leasachadh, agus a' toirt cothrom do dhaoine eile a' Ghàidhlig a thogail agus a chleachdadh ann an suidheachaidhean obrach eadar-dhealaichte agus ann an toirt sheirbheisean dhan mhòr-shluagh.


Air na h-adhbhair sin feumar dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh san àite-obrach.

### **Ro-innleachd**

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha an t-àite-obrach mar mheadhan air cleachdadh na Gàidhlig, sgilean cànan agus inbhe na cànan a neartachadh.

### *Bidh ar ro-innleachd a' gabhail a-steach:*

- > Cruthachadh deagh-ghean dhan Ghàidhlig san àite-obrach tro chùrsaichean fiosrachaidh agus shoidhnichean
- > Toirt cothrom do luchd-obrach a' Ghàidhlig ionnsachadh is do fhileantaich an sgilean a leasachadh
- > Cumail na Gàidhlig beò agus ga neartachadh san àite-obrach, gu h-àraidh ann an sgìrean far a bheil i air a bruidhinn le 20% no barrachd sa choimhearsnachd air a bheil an t-àite-obrach a' frithealadh
- > Brosnachadh fastadh luchd-obrach le Gàidhlig gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn agus air a cleachdadh barrachd anns an àite-obrach agus ann an toirt sheirbheisean dhan t-sluagh.





---

### Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

---

Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gu bheil gnìomhan co-cheangailte ri Gàidhlig san àite-obrach ann am Planaichean Gàidhlig ùghdarrasan poblach, nam measg buidhnean aig a bheil buaidh air an roinn phrìobhaidich agus shaor-thoilich.

Tro Aontan Ìre Seirbheis le buidhnean Gàidhlig agus tro bhith a' toirt maoinachaidh do ùghdarrasan poblach a chuidicheas iad a' cur am Planaichean Gàidhlig an gnìomh, nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gu bheil taic ann airson cuideachadh gus coileanadh nam builean a thathas a' sireadh an seo.

---


### Dleastanas bhuidhnean eile

---

Feumaidh ùghdarrasan poblach a tha air tagradh fhaighinn gus Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo agus bidh e air a shùileachadh orra a' Ghàidhlig a thoirt gu aire luchd-obrach agus trèanadh a thabhann, mar as iomchaidh, le sùil ri barrachd sheirbheisean agus chothroman cosnaidh a bhith rim faotainn sa Ghàidhlig is ri deagh-ghean a chosnadh dhan Ghàidhlig.


Far an toir ùghdarrasan gealltanais gum bi seirbheisean air an tabhann dhan t-sluagh ann an Gàidhlig, bidh e air a shùileachadh orra puist a chomharrachadh a bhios air an ainmeachadh mar 'Gàidhlig do-sheachanta' no 'Gàidhlig deatamach' mus tèid an sanasachadh.

Tha àite cudromach aig buidhnean sna roinnean prìobhaideach is saor-thoilich cuideachd a thaobh a bhith a' toirt brosnachaidh is taic do chleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach. Bidh e air a shùileachadh air ùghdarrasan poblach buidhnean a tha iad a' fastadh no a' maoinachadh a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a chur gu feum nuair a tha iad a' libhrigeadh chùmhnanntan no sheirbheisean às an leth.



**EALAIN  
AGUS  
MEADHANAN**





*Tha àite cudromach aig ealain is meadhanan ann an dèanamh na Gàidhlig nas fhollaisiche agus nas tarraingiche agus ann a bhith brosnachadh dìlseachd dhan chànan.*



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

	Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
	Foghlam: Sgoiltean agus Tidsèaran
	Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
	Coimhearsnachdan
	Àite-obrach
	<b>Ealain agus Meadhanan</b>
	Dualchas agus Turasachd
	Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh **Ealain agus Meadhanan**

### **Buil:**

Leasachadh air ealain agus meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, daoine a tharraing chun na cànan agus an deagh-ghean dhan Ghàidhlig a neartachadh tro chothroman a h-ionnsachadh, a cleachdadh agus a leasachadh.

### **Adhbhar**

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean ealain is meadhanan deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba. Tha àite cudromach aig ealain is meadhanan ann an dèanamh na Gàidhlig nas fhollaisiche agus nas tarraingiche agus ann a bhith brosnachadh dilseachd dhan chànan. Faodaidh ealain is meadhanan taic chudromach a thoirt do thogail cànan. Tha obair san raon seo cuideachd a' toirt cothrom air ceangal ri dualchas cultarach sònraichte agus fèin-aithne phearsanta.

Air na h-adhbhair sin feumar àite na Gàidhlig a neartachadh ann an raointean ealain is meadhanan.


### **Ro-innleachd**

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba a thaobh cosnaidh<sup>15</sup> cho math ri bhith a' toirt taic do chànan is cultar na Gàidhlig. Tha sinn a' cur luach air ealain is meadhanan Gàidhlig an dà chuid mar dhòigh air cultar na Gàidhlig a thuigsinn is a mhìneachadh agus airson a bhith a' dèanamh dhaoine mothachail is measail air a' Ghàidhlig agus a' toirt cothrom a' chànan ionnsachadh is a chleachdadh. Tha na h-ealain Ghàidhlig air an cur gu feum le leithid rèidio is telebhisean agus tha buaidh aca air eaconamaidh Alba.

### *Bidh ar ro-innleachd a' gabhail a-steach:*

- > Barrachd Gàidhlig ann an ealain is meadhanan an Alba, a' gabhail a-steach thachartasan nàiseanta
- > Toirt taic do ealain is meadhanan gus taisbeanadh a dhèanamh air a' Ghàidhlig
- > Dèanamh cinnteach gu bheil raon de thachartasan ealain Ghàidhlig rim faotainn leis a' mhòr-shluaigh tro na meadhanan agus ann an dòighean eile
- > Cur ris na tha a' gabhail pàirt ann an ealain agus meadhanan ann an dòigh a chuireas taic ri ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig agus a chruthaicheas deagh-ghean dhan chànan.

<sup>15</sup> EKOS Ltd (2011). *Scoping Study into the Economic Impact of the Arts and Creative Industries in Scotland*. Alba Chruthachail Gàidhlig



### Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

Mar thoradh air a dhleastanas gus cleachdadh is tuigsinn na Gàidhlig a bhrosnachadh, nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gu bheil taic do leasachaidhean ann an ealain is meadhanan Gàidhlig ann am Planaichean Gàidhlig ùghdarrasan ionadail agus poblach, nam measg buidhnean ealain is cultair.

Cumaidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' cur taic ri Fòram Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig (NGAS), le riochdachadh o Bhòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, MG ALBA, BBC ALBA agus COSLA, mar dhòigh air dèanamh cinnteach gu bheil a' phàirt seo dhen Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig air a cur an gnìomh tro chom-pàirteachas.

Obraichidh Bòrd na Gàidhlig ann an com-pàirt ri MG ALBA agus a' Ghàidhlig fhoillseachadh agus a chleachdadh thairis air diofar mheadhanan nàiseanta, ionadail agus ùr-nòsach agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ro-innleachd coimiseanaidh BBC ALBA a' toirt taic do ionnsachadh na Gàidhlig.

### Dleastanas bhuidhnean eile


Tha an ro-innleachd seo a' freagairt air prìomh amasan Alba Chruthachail agus thathas an dùil gun obraich Alba Chruthachail ann an com-pàirt ri buidhnean eile, leithid Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Iomairt Alba, gus structar ro-innleachdail làidir a chruthachadh a nì cinnteach gu bheil roinn nan gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig a' faighinn taic agus cothrom leasachaidh.

Tha dleastanas air Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil companaidhean ealain nàiseanta a' cleachdadh na Gàidhlig ann a bhith a' libhrigeadh am prògraman.

Tha dleastanas air MG ALBA is BBC ALBA dèanamh comasach dhan t-sluagh a' Ghàidhlig a chluinntinn is fhaicinn, cothroman cosnaidh a chruthachadh is dèanamh cinnteach gu bheil na meadhanan a' toirt taic do ionnsachadh na Gàidhlig is do choimhearsnachdan conaltraidh fuadain tro theicneòlasan ùra.


Tha dleastanas cuideachd air leithid Riaghaltas na h-Alba, VisitScotland agus EventScotland gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach ann am prìomh thachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean-suaicheantais, ma tha iad a' cur air dòigh no a' maoinachadh thachartasan.


Feumaidh ùghdarrasan poblach a tha air tagradh fhaighinn airson Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo.





**DUALCHAS  
AGUS  
TURASACHD**





*Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an dualchas is turasachd deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba, cho math ri bhith a' sealltainn carson a tha a' Ghàidhlig cudromach an eachdraidh na h-Alba.*

1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
Foghlam: Sgoiltean agus Tidsèaran
Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
Coimhearsnachdan
Àite-obrach
Ealain agus Meadhanan
<b>Dualchas agus Turasachd</b>
Corpas

# 4

## Raointean Leasachaidh

# Dualchas agus Turasachd

### Buil:

A' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche ann an dualchas is turasachd, agus barrachd feum a bhith ga dhèanamh dhen Ghàidhlig ann a bhith a' mìneachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba.

### Adhbhar

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an dualchas is turasachd deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba, cho math ri bhith a' sealltainn carson a tha a' Ghàidhlig cudromach an eachdraidh na h-Alba. Neartaichidh seo iomhaigh na Gàidhlig agus ìrean eòlais, cleachdaidh agus misneachd anns a' chànan. Tha soidhnichean Gàidhlig a' cur an cèill pàirt shònraichte de dhualchas na h-Alba a tha tarraingeach do luchd-turais agus a' cur an cèill eachdraidh Ghàidhlig ainmean do luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachas mòr an turasachd chultaraich a' toirt buannachd do eaconamaidh ar sgìrean dùthchail cho math ri na bailtean.


Air na h-adhbhair sin, thèid a' Ghàidhlig a bhrosnachadh ann an raointean dualchais agus turasachd.


### Ro-innleachd

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha dualchas is turasachd dhan Ghàidhlig ann an Alba gus neartachadh iomhaigh na cànan agus eòlas dhaoine oirre.

### Bidh ar ro-innleachd a' gabhail a-steach:

- > A' Ghàidhlig a bhith air a faicinn is a cluinntinn mar phàirt shònraichte de dhualchas na h-Alba
- > Cur ris na tha de Ghàidhlig ga chleachdadh ann an dualchas is turasachd, a' gabhail a-steach shoidhnichean is stuth-mìneachaidh an dà chuid sna roinnean poblach is prìobhaideach
- > Dèanamh cinnteach gu bheil àite iomchaidh air a thoirt dhan Ghàidhlig agus gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh aig làraich le cliù sònraichte agus ann an cur air dòigh thachartasan nàiseanta
- > Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-turais a' faighinn eòlas air an àite chudromach a tha aig a' Ghàidhlig ann an eachdraidh na h-Alba agus air cho cudromach is a tha i san latha an-diugh.





## Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gum bi taic do bhuilean dualchais agus turasachd air an gabhail a-steach ann am Planaichean Gàidhlig ùghdarrasan ionadail agus ùghdarrasan poblach iomchaidh eile, nam measg Còmhdhail Alba, EventScotland, VisitScotland, Alba Aosmhor, taighean-tasgaidh nàiseanta, gailearaidhean nàiseanta agus Dualchas Nàdair na h-Alba.

Cuiridh Bòrd na Gàidhlig mar fhiachaibh air ùghdarrasan poblach a tha air tagradh fhaighinn airson Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo.

## Dleastanas bhuidhnean eile


Bu chòir Còmhdhail Alba dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach air feadh Alba agus obraichidh am Bòrd leothasan is le buidhnean eile gus leasachadh a thoirt air poileasaidh san raon seo.

Bu chòir do EventScotland agus SportScotland dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann am foillseachadh thachartasan nàiseanta agus ionadail dha bheil iad a' toirt taic.

Bu chòir VisitScotland a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am margaideachd Alba aig an taigh is thall thairis agus àite na Gàidhlig a chur an cèill ann an stuth-mìneachaidh aig ionadan le cliù sònraichte.


Bu chòir do Alba Aosmhor agus taighean-tasgaidh is gailearaidhean nàiseanta dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh nan togalaichean agus ann an stuthan mìneachaidh is fiosrachaidh. Tha mòran as urrainn taighean-tasgaidh is gailearaidhean ionadail a dhèanamh san raon seo cuideachd.

Feumaidh ùghdarrasan poblach a tha air tagradh fhaighinn airson Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo.





**CORPAS**



*Thig briathrachas  
agus modhan-labhairt  
ùra às obair corpais  
a leigeas leis a'  
Ghàidhlig a bhith mar  
chànan èifeachdach  
agus riaghailteach.*

1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	<b>Raointean Leasachaidh</b>	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean
Foghlam: Sgoiltean agus Tidsèaran
Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
Coimhearsnachdan
Àite-obrach
Ealain agus Meadhanan
Dualchas agus Turasachd
<b>Corpas</b>

# 4

## Raointean Leasachaidh **Corpas**

### **Buil:**

Co-òrdanachadh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpais Ghàidhlig gus a' Ghàidhlig mar chànan a dhèanamh làidir, feumail, riaghailteach agus follaiseach ann an Alba.

### **Adhbhar**

Tha leasachadh na Gàidhlig san roinn seo deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba. Thig briathrachas agus modhan-labhairt ùra às an obair seo a leigeas leis a' Ghàidhlig a bhith, mar chànan, èifeachdach agus riaghailteach.


Air na h-adhbhair sin thèid cumail a' leasachadh na Gàidhlig mar chànan.


### **Ro-innleachd**

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha e gu bheil a' Ghàidhlig air a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach airson a h-uile adhbhar iomchaidh agus airson a cleachdadh anns gach suidheachadh sa bheil i air a cur gu feum an-diugh.

*Bidh ar ro-innleachd a' gabhail a-steach:*

- > Co-òrdanachadh diofar leasachaidhean cànan tro bhith toirt taic do Fhòram Leasachadh Corpais
- > Dèanamh cinnteach gum bi taic aig leasachaidhean a nì a' Ghàidhlig èifeachdach is riaghailteach
- > Dèanamh cinnteach gu bheil taic aig leasachadh air eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh
- > Craobh-sgaoileadh fiosrachaidh agus ghoireasan co-cheangailte ris an raon leasachaidh seo.





---

### Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

---

Mar thoradh air a dhleastanas gus ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, tha prìomh uallach air Bòrd na Gàidhlig airson co-òrdanachadh is cuideachadh leasachaidhean san raon seo.

Brosnaichidh Bòrd na Gàidhlig buidhnean agus ionadan iomchaidh a tha an sàs san raon seo gu bhith a' co-obrachadh gus tighinn gu aonta air modh-obrach a neartaicheas leasachadh corpais anns a' Ghàidhlig.

Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gu bheil gealltanasan ann am Planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan poblach iomchaidh a tha an sàs anns an raon seo a chuidicheas gus a' bhuil seo a choileanadh.


---

### Dleastanas bhuidhnean eile

---

Feumaidh buidhnean poblach a tha air tagradh oifigeil fhaighinn airson Plana Gàidhlig ullachadh sùim a ghabhail dhan raon leasachaidh seo.

Tha àite aig diofar ùghdarrasan, mheadhanan agus bhuidhnean foghlaim, agus aig luchd-leasachaidh teicneòlais, ann an toirt taic do leasachaidhean a neartaicheas a' Ghàidhlig mar chànan.





1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	Raointean Leasachaidh	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

	Dleastanas Bòrd na Gàidhlig
	Dleastanas luchd-labhairt na Gàidhlig
	Dleastanas bhuidhnean eile
	Planaichean Cànan Gàidhlig
	Cumail sùil air agus measadh buileachadh a' Phlana

# 5

## Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17

### Dleastanas Bòrd na Gàidhlig

Tha dleastanas Bòrd na Gàidhlig a thaobh cur-an-gnìomh nan ro-innleachdan fa leth air innse gu h-àrd. San fharsaingeachd, nì am Bòrd na leanas airson am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a bhuileachadh:


- Comhairleachadh nam Ministearan Albannach, mar a tha Achd 2005 ag àithne
- Tabhann comhairle air buidhnean poblach mu dheasachadh agus buileachadh am Planaichean Gàidhlig, mar a tha air iarraidh anns an Achd
- Toirt còmhla bhuidhnean iomchaidh - ùghdarrasan poblach, buidhnean prìobhaideach is saor-thoileach agus daoine fa leth - airson aontachadh air ro-innleachdan airson am buileachadh
- Gabhail obair leasachaidh os làimh air a cheann fhèin no ann an com-pàirt ri buidhnean eile, a' gabhail a' chiad cheum far a bheil sin iomchaidh
- Coimiseanadh rannsachaidh mar bhunait poileasaidh agus gus buaidh ro-innleachdan a mheasadh
- Maoineachadh leasachaidhean a chuidicheas gus am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chur an gnìomh, ann an co-bhonn ri buidhnean eile ma ghabhas sin dèanamh, gus am bi maoineachadh na Gàidhlig na phàirt àbhaisteach de obair bhuidhnean agus gus an fheum as fheàrr a dhèanamh de stòras.

### Dleastanas luchd-labhairt na Gàidhlig

Tha àite air leth cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an cur a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig an gnìomh. Cha ghabh mòran dhen obair dèanamh às an aonais. Tha sinn airson uaidh agus misneachd a thoirt dhaibh gu bheil an comasan cànan nam pàirt luachmhor de obair ath-bheothachaidh na Gàidhlig ann an Alba. Tha sinn airson gum bi luchd-labhairt na Gàidhlig a' dèanamh feum dhen chànan aig a h-uile cothrom agus a' gabhail làn-chomais ann an coileanadh builean a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig.

### Dleastanas bhuidhnean eile

Tha àite cudromach aig na buidhnean Gàidhlig ann an libhrigeadh phàirtean dhen Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig. Leanaidh Bòrd na Gàidhlig ag obair leotha, ach ag ath-mheasadh an cùmhntan, a' sireadh an luach as fheàrr agus a' beachdachadh air dòighean ùra, no a bharrachd, air an obair a dhèanamh.



	Dleastanas Bòrd na Gàidhlig
	Dleastanas luchd-labhairt na Gàidhlig
	Dleastanas bhuidhnean eile
	<b>Planaichean Cànan Gàidhlig</b>
	Cumail sùil air agus measadh buileachadh a' Phlana

## Planaichean Cànan Gàidhlig

A bharrachd air na 's urrainn e a dhèanamh air a cheann fhèin agus ann an com-pàirt ri buidhnean eile, 's e Planaichean Cànan Gàidhlig aon de na prìomhan ionnsramaidean a tha aig Bòrd na Gàidhlig gus buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 a thoirt air adhart.

Thug Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig tagradh reachdail a thoirt do ùghdarras poblach sam bith ann an Alba, ùghdarras poblach thar-crìche no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, gus Plana Gàidhlig ullachadh ag innse mar a tha iad a' dol a chleachdadh na Gàidhlig is a' dol ga dhèanamh comasach do dhaoine eile a cleachdadh nan raon-obrach.

'S e prìomh adhbhar Phlanaichean Cànan Gàidhlig buidhnean a bhrosnachadh gus seirbheis nas fheàrr agus nas bitheanta a thoirt do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus daoine a dhèanamh mothachail air a' Ghàidhlig. Tha Plana Gàidhlig na theisteanas poblach air deagh-ghean dhan Ghàidhlig ach bu chòir dha cuideachd a bhith na ghoireas practaigeach a bheir taic dhan phròiseas leasachaidh.


Thathas a' sùileachadh gum bi na ceithir prìomh raointean Planadh Cànan Gàidhlig a tha nam bunait aig a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' toirt buaidh air a h-uile Plana Gàidhlig, 's e sin:

- Togail cànan: a' leasachadh sgilean labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh dhaoine sa Ghàidhlig
- Cleachdadh cànan: cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsan sòisealta, foirmeil agus obrach
- Inbhe: a' Ghàidhlig a bhith ri cluinntinn is ri faicinn agus barrachd aithne agus inbhe a bhith aice
- Corpas: leasachadh na Gàidhlig mar chànan èifeachdach, riaghailteach is beairteach.

Thig Bòrd na Gàidhlig agus na Ministearan Albannach gu aonta air amasan àrd-ìre a bheir stiùireadh do ùghdarrasan poblach a tha ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig mun dleastanasan co-cheangailte ri builean a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' phrìomhachais a tha e a' toirt do Raointean Leasachaidh Dachaigh is Tràth-bhliadhnaichean, Foghlaim agus Choimhearsnachdan.

Ged a bhios Planaichean Cànan Gàidhlig gach buidhne diofraichte, nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gum gabh an conaltradh ri gach Ùghdarras Poblach mu Phlanaichean sùim dha na prìomh phuigean seo:

- Pròiseactan ag amas air àireamh nan sgoilearan àrdachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ann am foghlam luchd-ionnsachaidh
- Pròiseactan a bheir air adhart prògraman chur-seachadan taobh-a-muigh na sgoile airson ìrean nas àirde de chleachdadh agus de fhileantachd Ghàidhlig a stèidheachadh am measg sgoilearan
- Taic do ionnsachadh na Gàidhlig le luchd-cleachdaidh sheirbheisean, no do leasachadh air na sgilean a tha aca cheana
- Taic do leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig, gu h-àraidh am measg dhaoine òga, am pàrantan agus an coimhearsnachdan
- Taic do leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, a' gabhail a-steach sgrùdadh chomasan sa Ghàidhlig mar bhunait do oideachadh is trèanadh luchd-obrach ann an Gàidhlig agus do phoileasaidh fastaidh
- A' cur taic ri ullachadh poileasaidh bhuidhnean air a' Ghàidhlig
- A' tairgse sheirbheisean Gàidhlig mar phàirt àbhaisteach de obair na buidhne



1	Facail-toisich	
2	Builean: Geàrr-chunntas	
3	Ro-ràdh	
4	Raointean Leasachaidh	
5	Buileachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17	

	Dleastanas Bòrd na Gàidhlig
	Dleastanas luchd-labhairt na Gàidhlig
	Dleastanas bhuidhnean eile
	<b>Planaichean Cànan Gàidhlig</b>
	Cumail sùil air agus measadh buileachadh a' Phlana

- Taic do leasachadh air ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an roinnean nan ealain, mheadhanan, dualchais agus chur-seachadan
- Taic gus cleachdadh agus inbhe na Gàidhlig a leasachadh an dàimh ri dearbh-aithne chorporra agus shoidhnichean ann an dòigh a tha a' nochdadh co-ionannachd spèis dhan chànan
- Taic do bharrachd làthaireachd is inbhe dhan Ghàidhlig ann an cuartachadh fiosrachadh poblach
- Taic do leudachadh air cothroman a' Ghàidhlig fhaicinn is a chluinntinn agus ìomhaigh fhàbharach a chruthachadh dhan chànan
- Pròiseactan gus feumalachd, cunbhalachd agus làthaireachd na Gàidhlig a leasachadh.

Tha an Stiùireadh air *Deasachadh Phlanaichean Cànan Gàidhlig* fo Achd 2005 ag iarraidh gun tèid Planaichean ath-sgrùdadh agus ùrachadh leis a' bhuidheann phoblach agus a chur a-steach às ùr gu Bòrd na Gàidhlig an taobh a-staigh de chòig bliadhna. Bidh am Bòrd sa chumantas a' sùileachadh gum bi buidhnean poblach air barrachd a chur romhpa fhèin anns na Planaichean a thig às dèidh a' chiad fhìr agus gum bi deagh chleachdadh air a thoirt ceum air adhart annta.

A bharrachd air an stiùireadh choitcheann seo, tha Bòrd na Gàidhlig fad na h-ùine ag ullachadh agus a' cur ri stiùireadh air deagh chleachdadh a thaobh Phlanaichean Gàidhlig. Tha sgioba aig a' Bhòrd le uallach airson buidhnean poblach a chuideachadh a' deasachadh am Planaichean. Tha oifigeir air ainmeachadh fa chomhair a h-uile buidhne air am faod iad ceistean a chur.

Tha am Bòrd cuideachd a' toirt seachad taic airgid tro Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF), le dùil gun gabh ùghdarrasan poblach a-steach cosgaisean sheirbheisean dà-chànanach anns na buidseatan àbhaisteach aca fhèin an ceann sreath. Chan eil am Bòrd a' sùileachadh gun cleachdar GLAIF airson Planaichean Gàidhlig a dheasachadh no airson obair a bha a' dol a-cheana.

## Cumail sùil air agus measadh buileachadh a' Phlana

Cumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil air mar a tha buidhnean a' toirt gu buil nan leasachaidhean a tha air an cur an cèill ann am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012-17. Nì sinn seo le bhith a' sgrùdadh ar dol-a-mach fhèin, a' cumail sùil air obair nam buidhnean ris a bheil ceanglaichean foirmeil againn, agus a' sireadh fiosrachaidh o bhuidhnean eile mu na tha iadsan air a dhèanamh gus leasachaidhean a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a thoirt gu buil. Gu sònraichte:

- Nì sinn sgrùdadh air mar a tha buidhnean a' cleachdadh maoin leasachaidh o Bhòrd na Gàidhlig gus buileachadh nan gnìomhan a tha air an cur an cèill anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig
- Nì sinn sgrùdadh air mar a tha ùghdarrasan poblach a' cur an gnìomh Phlanaichean Gàidhlig a chaidh ullachadh fo Achd 2005 agus mar a tha iad a' cleachdadh a' mhaoineachaidh a tha nan cois
- Gabhaidh sinn pàirt ann an co-dhùnaidhean air Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig is cuidichidh sinn Riaghaltas na h-Alba a' measadh mar a tha ùghdarrasan gan cosg
- Iarraidh sinn fiosrachadh o àm gu àm air buidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach air am pàirt-san ann an toirt air adhart nan leasachaidhean a tha air an cur an cèill sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig
- Coimiseanaidh sinn rannsachadh gus adhartas a mheasadh is poileasaidhean ùra a dhealbhadh
- Nì sinn iomlaid air fiosrachadh, rannsachadh agus deagh chleachdadh le coimhearsnachdan cànan eile ann an Alba agus thall thairis
- Cumaidh sinn sùil air na h-àireamhan oifigeil air comasan agus seirbheisean Gàidhlig.

